

> STÒBHAN CONNAIDH SHOLADAICH/LOISGEADAIREAN-LOGAICHEAN/TEASADAIREAN LOSGADH-FIODHA

Bu chòir similearan is luidhearan a' frithealadh air uidheam connaidh-sholadaich a sguabadh gu cunbhalach. Thoir sùil air an earrann againn mu sguabadh shimilearan airson stiùireadh mun chonnadh a thathar a' cleachdadh. Na cleachd ach an connadh a tha ga mholadh leis an fheadhainn a rinn uidheam a' chonnaidh sholadaich. Tha liostaichean de chonnadh a cheadaichear rim faotainn bho **HETAS, Tel: 0845 634 5626 air neo tadhail air www.hetas.co.uk**. Cha bu chòir sgudal an teaghaich a losgadh.

- Cleachd fiodh air a dheagh thiomachadh, air a thiomachadh le àile (6-12 de mhiosan air a' char as giorra is e as fheàrr). Cleachd meidheadair taiseachd fiodha gus deuchainn a chur air an fhiodh agad mus tèid a losgadh. Bu chòir gum biodh ire air a moladh mun taiseachd a bhith aig 20% no nas isle.
- Na ruith an t-uidheam air toradh iseal fad ùine fhada leithid rè na h-oidhche. Na taisich a-nuas gus ath-lasadh a chaomhnadh anns a' mhadainn.
- Ma thathar air an goileadair-fiodha a chleachdadh aig toradh iseal fad ùine fhada bu chòir seo a leantainn le losgadh àrd fo smachd fad leth na h-uarach air a' char as giorra gus criosot sam bith a thiomachadh agus an similear a bhlàthachadh a-rithist.
- Dèan cinnteach an-còmhnaidh gun lean thu an stiùireadh air obrachadh is cumail suas an cois an uidheim.
- Na càrn suas logaichean agus na cuir stuth so-loisgeach sam bith gu dìreach ri taobh an stòbha, a' ghoileadair no an teasadair. Thathar air fios a chur air Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn gu teintean air adhbharachadh mar thoradh air logaichean a bhith gan cumail an aghaidh uachdar teth air taobh a-muigh ghoileadairean-fiodha.
- Bu chòir clann a theagasg mu na cunnartan an lùib teine agus cha bu chòir an leigeil faisg air uachdaran teth. Cleachd dìon-teine dìonach a tha freagarrach do dhealbhadh an stòbha san t-seilbh agad.
- Falmhaich agus thoir sùil air canastair na luaithre a h-uile là.
- Cleachd canastair-luaithre meatailt nach loisg daonnan.
- Bu chòir gum biodh slighean nan luidhearan air cùl goileadair air an glanadh uair san t-seachdain, ach leig leis an teine dol às agus leig leis an luaithre fuarachadh mus tèid an glanadh daonnan.
- Dèan cinnteach gu bheil lorgair monogsaid carboin agad.

> COMHAIRLE BHUNAITEACH

- Cleachd dìon-teine daonnan mar dhìon an aghaidh shradagan ag itealagan bho èibhleagan beò.
- Dèan cinnteach gun tèid èibhleagan a smàladh mar as còir mus tèid thu dhan leabaidh.
- Cùm similearan is luidhearan glan agus air an deagh ghleidheadh.
- Dèan cinnteach gu bheil lorgair monogsaid carboin agad.
- Ma dh'èireas teine, bheil rabhadair-toite no rabhadair-teasa rabhadh dhut agus bheil e ùine dhut freagairt gu sàbhailte is gu tùrail. Dèan cinnteach gu bheil rabhadairean-toite ag obair agad. Cuir rabhadair-teasa a-steach sa chidsin agad.

Faodaidh gabhail cheuman gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an similear agad air a chumail suas mas as còir cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil thu fhèin, agus an teaghlach agad, sàbhailte bho theine.

Tadhail air www.firescotland.gov.uk airson comhairle phractaigeach mu shàbhailteachd-teine. Air neo bruidhinn ris an luchd-smàlaidh ionadail agad. Gheibh thu fios mu chonaltradh air an làraich-lìn, san leabharlann ionadail agad agus ann an leabhar nam fòn.

Ma tha thu ag iarraidh copaidh den sgrìobhainn seo ann an riochd eadar-dhealaichte no dreach ann an cànan eile, cuiribh fios gu **0800 0731 999**.

GUS CUAIRT AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH A CHUR AIR DÒIGH

Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacsa 'FIRE' gu **80800** no tadhail air www.firescotland.gov.uk



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland


Translated and printed with funding from Bòrd na Gàidhlig

v2.3 – Màirséil 2021

Gus CUAIRT AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH a chur air dòigh Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacsa 'FIRE' gu **80800** no tadhail air www.firescotland.gov.uk



@SFRSYourSafety



Fios.

Faodaidh dèanamh cinnteach gu bheil an similear agad ga sguabadh is ga sgrùdadh gu cunbhalach an coltas gum bi teine-simileir agad a lùghdachadh gu mòr.



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland

➤ AN ROBH FIOS AGAD?

Faodaidh teintean èirigh le tubaist anns an t-similear agad. Bidh iarmad den t-sùith is den chonnadh a' càrnadh suas gu slaodach ann an similearan ri tide agus aig amannan faodaidh an t-iarmad seo dol na theine. Ma thachras seo, dh'fhaodadh an similear sùith a' losgadh a chur san t-seòmar-shuidhe agad no teintean adhbharachadh ann an àite a' mhullaich no air lobhtaichean eile den taigh. Fiù ged nach loisgeadh e an taigh gu làr, faodaidh teine-simileir bùrach dha-rìribh adhbharachadh. Faodaidh tu cuideachadh gus casg a chur air seo ma thèid an similear agad a ghlanadh gu cunbhalach.

➤ SGUABADH AN T-SIMILEIR

Bidh an seòrsa connaidh a bhios tu a' luasgadh a' bualadh air cho tric agus a bu chòir gum biodh an similear agad air a ghlanadh. Na dìochuimhnich sguab glan a thoirt don t-similear agad ron gheamhradh seach gum faod duslach is sgudal càrnadh suas no bacaidhean èirigh mura bheilear air a bhith ga chleachdadh gu cunbhalach thairis air mìosan an t-samhraidh. Dèan cinnteach gun cleachd thu sguabadair clàraichte.

Tha na leanas ann mar threòrachadh:

Gual gun toit no ola – Uair sa bhliadhna air a' char as giorra
Fiodh – Gach ràith nuair a thathar ga chleachdadh
Gual no mòine bhith-thalmhainneach – Dà thuras sa bhliadhna

Gus sguabadair clàraichte a lorg, no airson barrachd fiosrachaidh mu shàbhailteachd teine-simileir, cuiribh fios gu:

**Comann Nàiseanta
nan Sguabadairean**
www.nacs.org.uk
Fòn: 01785 811732

**Institiùid nan
Sguabadairean**
www.instituteofchimney
sweeps.com
Fòn: 01622 670333

HETAS
www.hetas.co.uk
Fòn: 0845 634 5626

**Sguabadair
Uidheamaichte NVQ**
www.nvqchimneysweeps.
co.uk

**Comann nan
Sguabadairean Dreuchdail
Neo-eisimeileach**
www.apics.org.uk
Fòn: 0345 604 4327

**Burnright (comhairle
mu shàbhailteachd)**
www.burnright.co.uk

**Comann-cheàrd nan
Sguabadairean Barraichte**
www.guildofmaster
chimneysweeps.co.uk
Fòn: 01226 242357

➤ A' CASH THEINTEAN-SHIMILEARAN

- Na las teintean le lionn lasanta mar pheatral no phaireafain.
- Na loisg pàipear no sgudal air teintean anns a' ghrèata.
- Na cuir cus connaidh san teine.
- Cleachd dìon-shradagan nuair nach eilear am bun an teine gus nach cuir èibhleagan teine ri àirneis no bratan-ùrlair.
- Rach a-steach dhan lobht/aite-mhullaich agad bho àm gu àm gus sùil a thoirt air an t-similear nuair a tha an teine air lasadh. Thoir sùil airson toit no sùith a' tighinn bho sgàinidhean, bho bhreigearachd chearbach, no bho altan mortair.

➤ COMHARRAIDHEAN TEINE-SIMILEIR

- Sùith a' losgadh agus pronnas a' tuiteam às an t-similear.
- Fuaime beucaich anns an t-similear.
- Uchd an t-similear tuilleadh is teth gus beantainn ris.
- Na ballachan teth ann an seòmar shuas staidhre.
- Sradagan no lasair a' tighinn a-mach à bàrr an t-simileir.
- Ballachadh air na bùird-ìochdair timcheall air a' chagailt no leac an teinntein uabhasach teth.

➤ MA BHIOS TEINE-SIMILEIR AGAD

- Ma bhios e sàbhailte a leithid a dhèanamh, cuir suas an dìon-teine.
- A-rithist, dìreach ma tha e sàbhailte, cuir uisge air an teine agus/ no feuch ri solar an àile a ghearradh dheth aig a' bhonn. Faodaidh tu seo a dhèanamh le bhith a' dùnadh nan luidhearan gu lèir agus a' stobadh an teallaich le pleata meatailt ma tha fear agad.
- Faigh a h-uile duine a-mach às an t-seòmar, dùin an doras agus fan a-muigh.
- Cuir fòn gu Seirbheis Teine is Teasairginn.

Cha bhi Seirbheis Teine is Teasairginn a' cur cosgais airson frithealadh air teintean-shimilearan. Nì luchd-smàlaidh cinnteach gu bheil an teine air a smàladh gu tur agus bheir iad comhairle dhut mu na gnìomhan a ghabhas tu.

➤ PUINNSEANACHADH MONOGSAID CARBOIN (CO)

Faodaidh uidheam-teasachaidh is uidheam-còcaireachd le gual, connadh gun toit, ola is gas puinnseanachadh CO adhbharachadh ma tha iad air an cur a-steach gu cearbach, gun a bhith gan cleachdadh mar as còir, gun ghaothrachadh gu leòr, no mura bheil iad gan cumail suas gu ceart is gu cunbhalach.

Nuair nach loisg connadh mar as còir, bidh e a' cruthachadh gas CO. Bidh puinnseanachadh CO a' marbhadh dhaoine. Faodaidh e do shlàinte a mhilleadh gu buan cuideachd. Is iad comharraidhean tràtha puinnseanachadh CO:

- Sgiths
- Tuainealaich
- Òrrais
- Pràmhachd
- Broilleach Goirt

Dèan cinnteach nach eil thu ann an cunnart bho phuinnseachadh CO:

- Biodh uidheam-gasa (agus riaghladair is pìoban solar a' ghasa) agus goileadairean air an losgadh le gas no ola gan cur a-steach agus gan riarachadh agad uair sa bhliadhna le innleadair comasach.
- Nas cuir cus air an teine agus na loisg ach an connadh air a dhealbhadh air a shon.
- Dèan cinnteach gu bheil seòmraichean le uidheam a' losgadh connadh no goileadairean gan gaothrachadh mar as còir.
- Na cuir bacadh air breigichean no luidhearan a-chaoidh.
- Na cuir bacadh air a' ghrèata an taobh a-muigh luidheir.
- Cuir a-steach lorgair Monogsaid Carboin. Mar as fheàrr, bu chòir gum biodh lorgair ga chur anns na seòmraichean uile far a bheil uidheam a' losgadh connadh no goileadair.